

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Faclan airson ‘sneachd’

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 723. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 419 corresponds to Litir 723.

Nuair a bhios mi a’ ruith chùrsaichean mu na ceanglaichean eadar ar cànan agus ar tìr, bidh mi ag innse do na h-oileanaich gu bheil còrr is ceud facal ann an Gàidhlig airson beinn, cnoc no talamh àrd de sheòrs’ air choreigin. Tha mu shia fichead facal agam air an liosta. Agus tha ceathrad facal Gàidhlig agam airson ‘*boglach*’. Gu math tric, bidh daoine ag ràdh – sin dìreach mar a tha na faclan airson ‘*sneachd*’ ann an cànan nan Inuit.

Ach cia mheud facal Gàidhlig a th’ againn airson ‘sneachd’? Tha *fliuch-shneachd* ‘*sleet*’, *clach-shneachd* ‘*hail*’ agus *crann-shneachd* ‘*dry snow*’ againn. Tha *ball-sneachda* againn airson ‘*snowball*’ agus *muc-shneachda* nuair a tha e uabhasach mòr. Bidh daoine a’ dèanamh *muc-aitidh* le bhith a’ roiligeadh sneachd bog ann am ball mòr aig àm an àiteimh.

Dè mu dheidhinn nam faclan airson ‘*snowflake*’? Tha *bleideag* ann. Ach cuideachd – *clòimhneag*, *lòine*, *clàdan*, *cleit is cleiteag*. ’S e *spìontag* ‘*a small drop of rain or flake of snow preceding a shower*’. Agus, ann an Arainn, ’s e *cuileaga-sneachda* a chanadh iad ri ‘*snowflakes*’. Tha sin snog, nach eil?

Agus ‘*a snow shower*’? *Fras-sneachda*. No *gith*. Cuideachd, canaidh sinn gu bheil *an cur* ann, no gu bheil i a’ *cur an t-sneachda*. Ma tha an sneachd uabhasach bog is fliuch, dh’fhaodamaid a ràdh gu bheil *glid* ann.

Ma tha e cho bog ’s gun canamaid ‘*sleet*’ ris ann am Beurla, ’s e sin *flin* no *flinne*, *fliug*, *gliobas*, *stiug*, *clàmhainn*, *flichneachd* no *flichneadh*.

Ma tha sneachd a’ leaghadh nuair a bhuaileas na bleideagan an talamh, canaidh sinn gur e *clifeid* no *glìbheid* a tha sin. Ma laigheas e, ’s e *ùr-sneachd* a th’ ann, agus ma tha gu leòr ann airson lorgan-coise a shealltainn, canaidh sinn *lorganach-shneachda* ris.

Ma tha dìreach gu leòr ann airson an talamh a dhèanamh liath, seach geal, canaidh sinn *liathas-sneachda* ris. Agus, ged nach biodh dùil air sneachd mun àm seo dhen bhliadna, uaireannan bidh e a’ tighinn, agus canaidh sinn *Glasadh na Cuthaig* ris no, cuideachd, *Sneachd Beag nan Uan*. Chan eil e cho trom ri *Sneachd na Cuthaig* a thig anns a’ Ghiblean.

’S e *cathadh* no *cabhadh* a chanas sinn ann an Gàidhlig ri *snowdrift*. ’S e *cur* is *cathadh* a chanas sinn ri sneachd trom a thig le gailleann. Agus ’s e *gnudhadh* facal airson *sneachd leaghte* no ‘*slush*’.

Nuair a tha pìos de shneachd air fhàgail air cliathaich beinne as t-Earrach, ’s e *cuite* a chanas sinn ri sin. Tha tè ainmeil ann an Srath Spè – *A’ Chuite Chrom* air a’

Chàrn Ghorm. Anns a' gheamhradh fhèin, feumaidh sgithearan nach eil air a' phiste a bhith cianail faiceallach mu mhaoimean-sneachda – 's e *maoim-sneachda* a' Ghàidhlig air '*avalanche*'.

Canaidh sinn **cho geal ris an t-sneachd** '*as white as the snow*' agus **cho geal ri sneachd na h-aon oidhche** '*as white as the one-night snow*' – 's e sin sneachd nach eil air a bhith a' laighe fada gu leòr airson a bhith a' fàs salach.

Mu dheireadh, seo ceist dhuibh – dè na h-eòin a tha ag innse gu bheil sneachd air an rathad nuair a nochdas iad ann an achaidhean anns a' gheamhraidh? Bheir mi am fuasgladh dhuibh an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: boglach: *bog*; fliuch-shneachd: *sleet*; clach-shneachd: *hail*; crann-shneachd: *dry snow*; ball-sneachda: *snowball (normal size)*; muc-shneachda: *very large snowball*; Srath Spè: *Strathspey*.

Abairtean na Litreach: airson beinn, cnoc no talamh àrd de sheòrs' air choreigin: *for a mountain, hill or elevated land of some nature*; bidh daoine a' dèanamh muc-aitidh le bhith a' roiligeadh sneachd bog aig àm an àiteimh: *people make a muc-aitidh by rolling soft snow at a time of thaw*; canaidh sinn gu bheil an cur ann, no gu bheil i a' cur an t-sneachda: *we say it's snowing (two different ways)*; dh'fhaodamaid a ràdh: *we might say*; ma tha e cho bog 's gun canamaid '*sleet*' ris: *if it's so soft that we'd call it 'sleet'*; ma tha sneachd a' leaghadh nuair a bhuaileas na bleideagan an talamh: *if the snow melts when the flakes hit the ground*; ma tha gu leòr ann airson lorgan-coise a shealltainn: *if there's enough to show footprints*; airson an talamh a dhèanamh liath: *to make the ground grey*; Glasadh na Cuthaig: *lit. the greying of the cuckoo*; Sneachd Beag nan Uan: *lit the little snow of the lambs*; a chanas sinn ri sneachd trom a thig le gailleann: *that we call heavy snow that comes with a storm*; air cliathaich beinne as t-Earrach: *on a mountainside in Spring*; air a' Chàrn Ghorm: *on Cairn Gorm*; feumaidh sgithearan nach eil air a' phiste a bhith cianail faiceallach mu mhaoimean-sneachda: *skiers who are not on the piste must be careful about avalanches*; nach eil air a bhith a' laighe fada gu leòr airson a bhith a' fàs salach: *that hasn't been lying long enough to grow dirty*; dè na h-eòin a tha ag innse gu bheil sneachd air an rathad: *what are the birds that tell that snow is on the way*; nuair a nochdas iad ann an achaidhean anns a' gheamhraidh: *when they appear in fields in winter*.

Puing-chànain na Litreach: *I didn't mention the Gaelic for 'hail' in the Litir. It's generally clach-mheallain in the singular and clachan-meallain in the plural, although the singular can be used collectively. The name means 'the stone that comes in clusters'. A heavy hailstorm might be described thus: 'tha na clachan-meallain a' cur deann às an talamh' (the hailstones are spattering lit. 'putting mist out of the ground').*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **cho geal ris an t-sneachd** '*as white as the snow*'; **cho geal ri sneachd na h-aon oidhche** '*as white as the one-night snow*'.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA